

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

## **ADHARTAS ANN AN ATHARRACHADH AIR DÒIGHEAN-OBACH A' BHÙIRD**

**22 An t-Sultain 2009**

Fhuair buidhnean Gàidhlig a th'air am maoineachadh le Bòrd na Gàidhlig dealbh an diugh (Dimàirt 22mh Sultainn, 2009) air innleachdan ùra a thèid a chur an-sàs airson dreach ùr a thoirt air obair Bhòrd na Gàidhlig, agus airson dòighean-obrach a' Bhùird a dhèanamh nas èifeachdaiche. Tha am Bòrd dhen bheachd gun tig piseach air an dòigh anns a bheil buidhnean Gàidhlig gam frithealadh an dèidh lèirmheas air dòighean-obrach, agus coluadar a-measg nam buidhnean.

Chaidh dealbh a dhèanamh air na h-atharraichean, a' gabhail a-staigh leithid ath-chruthachadh air structar a' Bhùird agus molaidhean a dh'èirich à lèirmheas a rinneadh air a' cheangal eadar am Bòrd agus buidhnean Gàidhlig. Chaidh cothrom a thoirt do na buidhnean Gàidhlig am beachdan fhèin a chur ri na molaidhean agus tha iadsan a-nis gu bhith a' coimhead air an dòighean-obrach fhèin.

Thuirt Dòmhnall Màrtainn, bho Sgioba Taic Eadar-amail a' Bhùird gu robh a' choinneamh air a bhith air leth feumail agus cuideachail airson cothrom a thoirt do na buidhnean Gàidhlig fiosrachadh fhaighinn air suidheachadh a' Bhùird agus na planaichean a th'ann airson frithealadh nam buidhnean a leasachadh. Thuirt e: "Chuala sinn a-measg chùisean eile bhon Ollaimh Tormod MacGilliosa, a chaidh fhasdadh airson sùil gheur a thoirt air an dòigh anns a bheil sinn an coluadar agus a' dèiligeadh ri buidhnean Gàidhlig eile. Tha a h-uile duine nis, tha mi an dòchas, nas soilleire air dè tha romhainn agus ciamar a chaidh na molaidhean aig na buidhnean a bhiathadh a-steach do gach innleachd air a bheil sinn a' meòrachadh. Chan eil an obair sin deiseil fhathast agus thèid a h-uile càil fhighhe a-steach dhan phlana-gnìomh a tha sinn a' deisealachadh airson a' Mhinistir ro àm na Nollaige."

Mhìnich Bòrd na Gàidhlig cuideachd clàr-ama airson dreuchdan ùra a thathas a' cruthachadh airson structar na buidhne agus dòighean-obrach a dhèanamh nas èifeachdaiche. Thuirt Mgr Màrtainn: "Tha dùil againn gum bi na dreuchdan ùra 'gam foillseachadh taobh-staigh seachdain no dha agus tha dà shruth dhen sin ri thighinn, le suas gu 10 dreuchd uile gu lèir, a bharrachd air dreuchd Ceannard a thèid a-mach gu sanasachd mu dheireadh na bliadhna. Tha sin cuideachd a' gabhail a-staigh dreuchdan airson dithis Leasaichidhean ùra agus 'se adhartas mòr a bhios ann do na buidhnean Gàidhlig agus dhan

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Bhòrd fhèin na dreuchdan sin a chur an-sàs ach an tèid againn air gluasad nas sgiobalta agus nas èifeachdaile le na leasachaidhean a tha ri thighinn.”

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## **BÒRD NA GÀIDHLIG RESTRUCTURING GATHERS PACE**

**24 September 2009**

Gaelic organisations funded by Bòrd na Gàidhlig have received an insight into the structural and other changes being planned by Bòrd na Gàidhlig to enable its delivery of Gaelic development to gather pace and become more effective. According to the Bòrd, this should lead to an improvement in the way in which Gaelic organisations are serviced after a review of the relationship and working practices involved in Gaelic development organisations.

At a meeting in Inverness, the Gaelic organisations were shown the structural changes planned for the Bòrd following recommendations made in a review carried out of the links between the Bòrd and Gaelic organisations which receive funding from the Bòrd. Gaelic organisations were given the opportunity to add their own recommendations and they are now continuing the process by reviewing the own contributions to Gaelic development.

Donald Martin, of the Interim Support Team at Bòrd na Gàidhlig, said that the meeting had been extremely useful and helpful in giving the Gaelic organisations the opportunity to acquire information on the Bòrd's situation and development plans. He said: "Amongst other things, we heard from Professor Norman Gillies, who was commissioned to scrutinise the way in which we communicate and deal with the other Gaelic organisations. I hope now that everyone is clearer about what we have to do and the strategy which we are contemplating. That work is not yet complete and everything will be drawn into the action plan which we are preparing for the Minister for Gaelic before Christmas."

Bòrd na Gàidhlig also explained the timetable for new posts which are being created to make the structure of the organisation and the working procedures more effective. Mr. Martin said: "We expect the new posts to be advertised within a week or two and there are two streams of those to come, making up to almost 10 posts in total, apart from the Chief Executive's post which will be advertised round about the end of the year. That also includes posts for two new Heads of department and it will be a big step forward for the Gaelic organisations and for the Bòrd itself, to secure these two new positions so that we can move forward more quickly and more effectively with the developments which are to come."